

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/20/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 19 Samhain 2025

Tìotal Aithisge: Buileachadh Tar-Seirbheis Plana na Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a’ toirt cunntas às ùr air buileachadh tar-seirbheis Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 (PG). Tha i a’ comharrachadh leasachaidhean o chionn ghoirid, iomairtean co-obrachail, agus gnìomhan ri teachd a tha ag amas air comas agus follaiseachd na Gàidhlig a neartachadh thar seirbheisean na Comhairle.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near dhan aithisg.

3. Builean

3.1 Goireas – Tha lìbhrigeadh PG air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, tabhartasan Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).

3.2 Laghail – Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aice. Tha an dleastanas reachdail a’ gabhail a-steach riatanas a bhith a’ buileachadh is a’ toirt cunntas ceart air gealltanasan PG.

3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a’ tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a’ tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh’uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a’ tighinn am bàrr on aithisg seo.

3.5 Gàidhlig – Tha builean fìor mhath ann a thaobh a bhith a’ gleidheadh is a’ leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle na Gàidhealtachd.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd

Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Buidheann Buileachaidh Plana na Gàidhlig

- 5.1 Chaidh Buidheann Buileachaidh Plana na Gàidhlig a stèidheachadh gus libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig a sgrùdadh agus a cho-òrdanachadh thar seirbheisean na Comhairle. Tha i a' gabhail a-steach riochdairean bho Chorpiorra, Daoine is Àite, High Life na Gàidhealtachd agus Com-pàirteachadh Òigridh. Chaidh cuireadh airson tighinn an lùib na buidhne a thoirt cuideachd do chathraichean Comataidh na Gàidhlig agus Comataidh an Fhoghlaim.

Prìomh dhreuchdan:

- Cùm sùil air adhartas is comharraich dùbhlain.
- Co-thaobh gnìomhan Gàidhlig le ro-innleachdan na Comhairle san fharsaingeachd.
- Brosnaich co-obrachadh is dleastanas co-roinnte.

Gnìomhachd o chionn ghoirid:

- Chaidh a' chiad choinneamh a chumail san Lùnastal 2025.
- Tha Teirmichean Iomraidh air an aontachadh.
- Tha cuspairean seasmhach a' gabhail a-steach guth na h-òigridh, cunntasan seirbheis, conaltradh agus sgrùdadh.

Gnìomhan a chaidh aontachadh aig a' chiad choinneamh:

- Dèan measadh agus leasaich seiseanan mothachadh Gàidhlig thar nan seirbheisean gus tuigse luchd-obrach a neartachadh agus taic a chur ri bhith a' toirt na Gàidhlig an lùib libhrigeadh seirbheis.
- Dèan sgrùdadh air mar a dh'fhaodadh sgoilearan àrd-sgoile aig an ìre as àirde (ÀS4–ÀS6) taic a chur ri clasaichean Gàidhlig do dh'inbich mar phàirt dhen leasachadh sgilean aca, a' togail air na chaidh a dhèanamh roimhe ann am Port Rìgh. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh gus ion-dhèantachd is iomchaidheachd a mheasadh thar sgoiltean.
- Neartaich mar a thathar a' cur chlasaichean Gàidhlig air adhart tro bhith a' leasachadh susbaint airson nam meadhanan sòisealta is nan seanailean air an taobh a-staigh, ann an dòigh a tha furasta a cho-roinn.
- Dèan ath-sgrùdadh air cothroman gus guth na h-òigridh a thoirt an lùib nan ùrlaran conaltraidh a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach tachartas *Siuthad* do sgoilearan àrd-sgoile, agus a' beachdachadh air dòighean-obrach a tha a' freagairt air aois agus air co-obrachadh a dh'fhaodadh a bhith ann le buidhnean com-pàirteach.

- Cùm suas cunntasan cunbhalach mu leasachaidhean nàiseanta a' buntainn ris a' Ghàidhlig, a' gabhail a-steach adhartas a thaobh a bhith a' buileachadh Achd nan Cànan Albannach; co-roinn fiosrachadh ro-innleachdail bho Bhuidheann Cho-obrachail mu Reata Adhartais nas Luaithe aig Riaghaltas na h-Alba; agus stèidhich ceangal le Neach-gairm na h-Òigridh gus taic a chur ri com-pàirteachadh òigridh.

Thèid an ath choinneamh dhen bhuidhinn a chumail air 26 Samhain 2025.

6. Bùth-obrach Sgioba na Gàidhlig Às Dèidh na Co-labhairt

- 6.1 Às dèidh na co-labhairt mun Ghàidhlig san eaconamaidh aig Comhairle na Gàidhealtachd sa Chèitean 2025, chaidh bùth-obrach a chumail air an taobh a-staigh le oifigearan Gàidhlig gus meòrachadh air builean, agus cothroman is prìomhachasan a chomharrachadh airson builean na co-labhairt amalachadh thar seirbheisean.

Builean bùth-obrach:

- Aithne gu bheil feum air ceanglaichean nas làidire le seirbheisean eile na Comhairle.
- Aonta gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air co-iomairtean, trèanadh co-roinnte agus conaltradh nas fheàrr air an taobh a-staigh.
- Gealltanais gun tèid a' Ghàidhlig a dhaingneachadh ann an dòigh nas follaisiche ann an libhrigeadh seirbheis agus com-pàirteachadh poblach.
- Co-thaobhadh nas fheàrr eadar poileasaidhean Gàidhlig agus ro-innleachdan nas fharsainghe na Comhairle gus dèanamh cinnteach gu bheil gealltanais Gàidhlig air an daingneachadh ann an leasachadh planaigh is poileasaidh thar seirbheisean.
- Stèidheachadh coinneamh ro-innleachdail mhìosail le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) gus còmhraidhean a chumail a' dol agus cothroman com-pàirteachais a sgrùdadh. Thathar an dùil gun tig Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS) an lùib nan coinneamhan seo rè ùine.
- Leasachadh goireis air-loidhne gus taic a thoirt do ghnothachasan ann a bhith a' toirt na Gàidhlig an lùib na h-obrach aca agus ann a bhith ag aithneachadh luach eaconamach na Gàidhlig. Tha an iomairt seo am measg bhuilean Plana na Gàidhlig agus sa chlàr-ama airson 2027, ach chaidh a toirt air adhart mar fhreagairt air barrachd ùidh agus feum aithnichte. Thèid a leasachadh ann an com-pàirteachas le Business Gateway.
- Planadh latha in-sheirbheis Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) sa Ghearran 2026, le prìomh òraid fon tiotal "A' Ghàidhlig agus a Buaidh nas Fharsainghe: Thar Foghlam". Bidh an seisean a' coimhead air a' Ghàidhlig mar stòras chultarach, sòisealta is eaconamach, agus dreuchd sgoiltean ann a bhith a' cumail suas is a' fàs a' chànain.

7. Trèanadh agus Leasachadh Luchd-obrach

- 7.1 Thathar an-dràsta a' dèanamh deuchainn is gleusadh air cùrsa ùr 'Gàidhlig san Àite-obrach' Traineasy. Tha an cùrsa ga leasachadh ann an co-bhann le sgioba Traineasy agus ag amas air mothachadh a thogail mu Ghàidhlig. Aon uair is gu bheil stuth a' chùrsa agus an cruth libhrigidh air an crìochnachadh, thèid sgrùdadh a dhèanamh air roghainnean gus follaiseachd àrdachadh. Cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gun urrainn do High Life na Gàidhealtachd agus luchd-obrach sheirbheisean eile cothrom fhaighinn air a' chùrsa cuideachd.

8. Sgrùdadh Comas is Sgilean Gàidhlig air an Taobh A-staigh

- 8.1 Thathar an dùil suirbhidh a dhèanamh air an taobh a-staigh gus sgilean cànan Ghàidhlig a mheasadh thar luchd-obrach na Comhairle. 'S e adhbhar na suirbhidh bun-loidhne a thoirt seachad a thaobh comas is sgilean Ghàidhlig aig an àm seo; taic is trèanadh a chur air dòigh a rèir feumalachdan luchd-obrach; agus cothroman a chomharrachadh airson co-obrachadh agus libhrigeadh co-roinnte. Cuidichidh seo gus fios a chur ri planadh agus ri bhith a' riarachadh ghoireasan san àm ri teachd gus sgilean is comas fhàs taobh a-staigh na buidhne agus buaidh na gnìomhachd seo a thomhas sna bliadhnaichean air thoiseach. Thèid toraidhean na suirbhidh aithris do Chomataidh na Gàidhlig aig coinneamh san àm ri teachd.

9. Com-pàirteachadh Òigridh

- 9.1 Tha guth na h-òigridh air a bhith an lùib pròiseas ùrachaidh is buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig bhon fhìor thoiseach. Tha dealas aig Buidheann Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil cothroman brìoghmhor aig daoine òga cur ri leasachadh is libhrigeadh phoileasaidhean is iomairtean a' buntainn ris a' Ghàidhlig. Tha Sgioba na Gàidhlig air a bhith ag obair còmhla ri HLG agus Neach-gairm na h-Òigridh airson dèanamh cinnteach gu bheil Guth na h-Òigridh air a ghabhail a-steach ann am planadh leasachadh na Gàidhlig.

Tha planadh làithreach a thaobh gnìomhachd chom-pàirteachaidh a' gabhail a-steach:

- Co-obrachadh le sgoiltean is le comhairlean sgoilearan gus fios air ais agus beachdan a chruinneachadh.
- Sgrùdadh chothroman gus guth na h-òigridh a thoirt an lùib thachartasan a leithid *Siuthad*, ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba.
- Ceangal le Neach-gairm na h-Òigridh agus buidhnean com-pàirteach buntainneach gus dòighean-obrach ion-ghabhaltach is èifeachdach a chomharrachadh.
- Beachdachadh air dòighean-obrach neo-fhoirmeil agus stèidhichte sa choimhearsnachd gus deamografaig nas fharsainghe de dhaoine òga a ruigsinn.

10. Conaltradh agus Follaiseachd

- 10.1 Tha a bhith a' meudachadh follaiseachd is ruigsinneachd chothroman a' buntainn ris a' Ghàidhlig na phrìomh phàirt de bhuileachadh a' Phlana Ghàidhlig. Tha obair a' leantainn air adhart thar seirbheisean gus conaltradh air an taobh a-staigh is air an taobh a-muigh a neartachadh, le taic cho-obrachail bhon Sgioba Thrèanaidh, High Life na Gàidhealtachd, Sgioba Dealbhachaidh Pròiseact na Làraich-lìn agus Conaltradh Corporra.

Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach oidhirpean co-òrdanaichte gus leasachadh a thoirt air mar a tha clasaichean is iomairtean Ghàidhlig air an cur air adhart, dèanamh cinnteach gu bheil susbaint Ghàidhlig air a riochdachadh gu freagarrach ann an ath-leasachadh làrach-lìn na Comhairle agus teachdaireachdan cunbhalach a leasachadh thar ùrlaran conaltraidh. Tha na gnìomhan seo a' cur taic ri dòigh-obrach nas amalaichte a thaobh follaiseachd is com-pàirteachadh Ghàidhlig thar Comhairle na Gàidhealtachd.

- 10.2 Thòisich oifigear conaltraidh is com-pàirteachaidh le dleastanas sònraichte airson na Gàidhlig agus gnìomhan a' buntainn ris a' Ghàidhlig ann an dreuchd ùr sa Chàisg am-bliadhna.

Tha seo air cuideachadh gus mothachadh a thogail mu obair Sgioba na Gàidhlig agus Comataidh Gàidhlig na Comhairle, a bharrachd air a bhith a' sanasachd phròiseactan is chothroman cànan no cultarach a tha a' gabhail àite taobh a-staigh nan sgoiltean is nan coimhearsnachdan againn. Tha gnìomhan conaltraidh cuideachd a' gabhail a-steach a bhith ag obair cuide ri buidhnean com-pàirteach a leithid a' Chomuinn Ghàidhealaich gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chur air adhart agus làthaireachd is com-pàirteachadh a bhrosnachadh aig tachartas na bliadhna sa ann an Loch Abar.

Tha naidheachdan is gnìomhachd a' buntainn ris a' Ghàidhlig air meudachadh gu follaiseach thar diofar sheanailean na Comhairle sna mìosan mu dheireadh. Tha mu 50 post fa leth air na meadhanan sòisealta – a' gabhail a-steach fiosan-naidheachd, bhidiothan is dealbhannan – air ceangal is ruigsinneachd a stiùireadh air adhart. Tha dreuchd an oifigeir chonaltraidh air cuideachadh gus cur ri prìomh amasan Plana na Gàidhlig de bhith a' meudachadh is ag àbhaisteachadh stuth is gnìomhan Gàidhlig thar seirbheisean na Comhairle.

- 10.3 Tha co-obrachadh tar-seirbheis aig teis-meadhan libhrigeadh soirbheachail a' Phlana Ghàidhlig. Tha na h-iomairtean a tha air am mìneachadh san aithisg seo a' sealltainn gu bheil dealas a' sìor fhàs thar seirbheisean gus a' Ghàidhlig a dhaingneachadh ann an dòigh bhrìoghmhor ann an obrachaidhean na Comhairle, luchd-obrach a chom-pàirteachadh agus taic a chur ri cànan na Gàidhlig.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 8 Dàmhair 2025

Ùghdar: Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach

Eàrr-ràdhan: neo-bhuntainneach